

Crodh an Tàilleir

*Tha an tàladh beag seo mu dheidhinn crodh an tàilleir.
Tha an dàrna ceathramh a' bruidhinn air mìle long air cuan Èirinn.*

*O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
Siosar is meuran is snàthad.*

Cha tuit iad an toll no fèithe;
Cha tuit iad an toll no fèithe;
Cha tuit iad an toll no fèithe;
Ma thuiteas, gun tog e fhèin iad.

*O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
Siosar is meuran is snàthad.*

Tha mìle long air cuan Èirinn;
Tha mìle long air cuan Èirinn;
Tha mìle long air cuan Èirinn;
'S truagh nach robh mi fhìn air tè dhiubh.

*O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
O hì o ho, crodh an tàilleir,
Siosar is meuran is snàthad.*

